

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 24 ÒGMHIOS 2015

An làthair:	Colin Kennedy	Iar-Neach-gairm
	IG Macdonald	Coimiseanair
	David Campbell	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Catriona Maclean	Àrd-Oifigear
	Trudi Sharp	Iar-Stiùiriche, Riaghaltas na h-Alba
	Lucy Carmichael	Àrd-Chomhairleach Poileasaidh Croitearachd, Riaghaltas na h-Alba
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	Jane Thomas	Ceannard seirbheisean Corporra is Luchd-ceannach
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Posy MacRae	Manaidsear Conaltraidh
	Morag Menzies	PA don Neach-gairm, Rùnaire Coinneimh
	Kerr Gibb	BBC Alba

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan mar a leanas:

William Swann, Coimiseanair
Donna Smith, Ceannard Siostaman Fiosrachaidh

Bha Iar-Neach-gairm Ceanadach sa chathair agus chuir e fàilte air gach neach, gu h-àraid Trudi Sharp agus Lucy Carmichael bho Riaghaltas na h-Alba.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh gin ann.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS A' BHÙIRD AIR 13 CÈITEAN 2015

Chaidh aonta a chur ri geàrr-chunntas na coinneimh air 13 Cèitean 2015, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Atharraichte/A bharrachd
8	13	1	Atharraich 'Paper with includes' gu 'Paper which includes'.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 13 Cèitean 2015 ath-sgrùdadh:

- Duilleag 4, Nì 6, chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi Jacqueline MacBean, am Manaidsear Sgioba Dhleastanasan ùr, mar neach fiosrachaidh eadar an Coimisean agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

5 PÀIPEAR AIR POST-D AIRSON AONTA

(a) Ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearainn ann an Alba – Cùisean Obrachaidh

Chuir an Coimisean fàilte air soilleireachd agus susbaint a' Phàipeir, a tha a' mìneachadh nan dleastanasan agus na fuincseanan co-cheangailte ri ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearainn aig a bheil feum air stiùireadh bhon Bhòrd agus na cùisean sin a tha obrachail leis an gabh dèiligeadh le luchd-obrach.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.
-------------------	--

6 ÙR-FHIOSRACHADH BHUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL

Cha robh ùr-fhiosrachadh sam bith ri aithris.

7 GNÀTH-RIAGHAILTEAN ATH-SGRÙDAICHTE AGUS STRUCTAR COINNEAMHAN A' CHOIMISEIN

Chuir an Ceannard Poileasaidh am Pàipear air a' bhòrd, a' solarachadh tionndadh ath-sgrùdaichte de Ghnàth Riaghailtean a' Choimisein agus a' mìneachadh nam pàirtean a chaidh a thoirt às no atharrachadh.

Fo 'Comataidhean a' Choimisein' air duilleag 20, tha an Coimisean ag iarraidh an fhacail 'coitcheann' a thoirt air falbh bho pharagraf 19.2.

Fo pharagraf 16.5, tha an Coimisean ag iarraidh am briathrachas atharrachadh gus a ràdh 'ciad no dàrna gluasadair' an àite 'ciad agus dàrna gluasadair' agus puing-stad air a chur ri deireadh an t-seantans.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas: Fo 'Comataidhean a' Choimisein' air duilleag 20, tha an Coimisean ag iarraidh an fhacail 'coitcheann' a thoirt air falbh bho pharagraf 19.2. Fo pharagraf 16.5, tha an Coimisean ag iarraidh am briathrachas atharrachadh gus a ràdh 'ciad no dàrna gluasadair' an àite 'ciad agus dàrna gluasadair' agus puing-stad aig deireadh an t-seantans.
-------------------	---

8 BUAIDH TORAIDHEAN A' CHUNNTAIS A THAOBH DLEASTANASAN/ RANNSACHADH BHRISIDHEAN

Chuir an Ceannard Poileasaidh am Pàipear air a' bhòrd, a tha a' solarachadh chomharran bho thoraidhean a' chunntais a thaobh dleastanasan croitearachd. Tha e a' moladh modh-obrach airson a bhith a' prìomhachadh rannsachaidhean a leanas agus raointean sam faodadh e beachdachadh air obrachadh ann an com-pàirteachas le HIE agus feadhainn eile. Tha e cuideachd ag aithneachadh dleastanas uachdarain agus gu h-àraid a' beachdachadh air gum faodadh oighreachdan croitearachd Ministearan na h-Alba stiùireadh a sholarachadh.

A' leantainn air toraidhean a' Chunntais, tha suas ri 5000 croitear a dh'fheumar a rannsachadh gus a dhèanamh cinnteach à gèilleadh do dhleastanasan.

Choimhead Buidheann Obrach ris a' chùis seo agus dh'aontaich iad nan deigheadh an Coimisean a chomhairleachadh a thaobh neo-ghèilleadh do dhleastanasan, gun robh dleastanas orra a rannsachadh.

Feumaidh an Coimisean raointean a phrìomhachadh a thathar a'dol a rannsachadh agus sin a dhèanamh ann an dòigh cho-obrachail, is dòcha ann an co-bhonn ri HIE fon Phrògram Stiùireadh Cunntais Coimhearsnachd aca agus tha iad air deasbad air obrachadh còmhla ri Oighreachdan Ministearan na h-Alba.

Nan gabhadh an Coimisean an dòigh seo, cha rannsaicheadh iad dìreach brisidhean dleastanais ach riaghladh air fad, a' gabhail a-steach gèilleadh tro fho-ghabhail, sònrachadh agus leigeil air màl, agus coimhead cuideachd ri leantainneachd gun fhuasgladh agus croitean falamh.

Chuir an Coimisean aonta ris an dòigh seo air adhart a bha air a mholadh agus chaidh aontachadh gun sgrìobh an t-Àrd-Oifigear gun Mhinistear gus a dhèanamh cinnteach gu bheil i riarichte leis an dòigh-obrach seo.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir sgrìobhadh gu na croitearan uile a tha ann am briseadh dhleastanasan agus chomhairlich an t-Àrd-Oifigear gum bi litrichean air a chur thuca a dh'aithghearr.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear agus ris a' mholadh a bhith ag obrachadh ann an co-bhonn ri HIE fon Phrògram Stiùireadh Cunntais Coimhearsnachd aca, agus cuideachd tòiseachadh ag obair le Oighreachdan Ministearan na h-Alba an dèidh cluinntinn air ais bhon Mhinistear. Sgrìobhaidh an t-Àrd-Oifigear gun Mhinistear gus a h-aonta a shireadh agus sgrìobhaidh an luchd-obrach gu na croitearan uile a tha ann am briseadh an dleastanasan, a chomhairleachadh dhaibh gun tèid rannsachadh a dhèanamh orra an ceann sreath.
-------------------	---

9 DLEASTANAS MHEASADAIREAN – ÌRE A H-AON

Thaisbein an Ceannard Poileasaidh am Pàipear, a tha a' solarachadh na ciad ìre de structar ath-sgrùdaichte do phannal Mheasadairean a' Choimisein.

Fon structar ùr seo, cha tèid comhairle iarraidh air Measadairean tuilleadh a thaobh cùisean riaghlaidh agus tagraidhean. An àite sin, bidh comhairle air iarraidh orra mu eileamaidean eile, mar a leanas:

- Adhartachadh riaghailtean ionaltraidh / stèidheachadh chomataidhean ionaltraidh
- Adhartachadh crìochnachadh agus tilleadh air foirmean cunntais croitearachd
- Cuideachadh dhaoine le tagraidhean
- Stiùireadh chroitearan ùra / sgilean dèanadach do chroitearan.

Rinn Coimiseanairean deasbad air na dleastanasan ùra molta do Mheasadairean air duilleag 28 agus dh' aontaicheadh gum bu chòir am facal 'adhartachadh' aig puing 3 a bhith air ionadachadh le 'brosnachail' agus aig puing 5, bu chòir am facal 'comhairleachadh' a bhith air ionadachadh le 'fiosrachail'.

Dh'aontaich an Coimisean gun robh e cudromach trèanadh a thoirt do Mheasadairean airson an dleastanasan ath-sgrùdaichte agus fiosrachadh a chumail riutha mu na h-atharrachaidhean a tha air am moladh.

Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear. Thig Pàipear chun a' Bhùird aig àm eile gus deasbad air taghadh theachdail air a' Phannal Mheasadairean.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear le ùmhlachd do an atharrachadh briathrachais aig puingean 3 agus 5. Chomhairlich an Coimisean gun robh e cudromach trèanadh a thoirt do Mheasadairean airson an dleastanasan ath-sgrùdaichte agus fiosrachadh a chumail riutha mu na h-atharrachaidhean a tha air am moladh. Thig Pàipear chun a' Bhùird aig àm eile gus deasbad air taghadh theachdail air a' Phannal Mheasadairean.
-------------------	---

10 PLANA POILEASaidh ATH-SGRÙDAICHTE

Chuir Neach-lagha a' Choimisein am Pàipear air a' bhòrd, a' toirt mion-fhiosrachadh mu na h-atharrachaidhean air a' Phlana Poileasaidh a chaidh aontachadh le Coimiseanairean aig an Latha Planadh Poileasaidh air 2 Ògmhios 2015.

Tha co-chomhairleachadh gu bhith a' gabhail àite an ath-sheachdain far an coimheadair ris a' Phoileasaidh Di-chroitearachd.

Bha deasbad ann mu Roinn agus na bhios a' tachairt do roinn ma bhios croit air a roinneadh. Ma chuireas tagraiche iarrtas a-steach airson croit a roinn agus nach toirear iomradh air an roinn air an fhoirm tagraidh, feumaidh an Coimisean sgrìobhadh thuca airson soilleireachadh air na tha iad ag iarraidh a dhèanamh leis an roinn. Chan eil an t-iarrtas teisteanach gus am faighear am fiosrachadh sin. Bu chòir seo a chur ris a' Phlana Poileasaidh.

Thathar air comhairle fhaotainn bho Àrd-Neach-lagha mun chùis seo.

Bu chòir am briathrachas sa cheathramh puing fo Roinn a bhith air atharrachadh gus a ràdh 'de chleachdadh air roinn(ean) co-cheangailte sam bith ann an ionaltradh coitcheann'.

Chaidh deasbad a dhèanamh mu Sheasmhachd. Tha an Coimisean a' tuigsinn gu bheil a chumhachdan cuibhrichte a thaobh leasachadh seasmhach a liubhairt.

Rinn an Coimisean deasbad air Riarachadh agus dh'aontaicheadh gum bu chòir na facail 'ged gur dòcha nach aontaich e leotha sin' a thoirt às aig puing 2.

Fo phuing 4, dh'aontaich an Coimisean a' chiad seantans a thoirt às agus ionadachadh le 'Às aonais bheachdan sam bith mar fhreagairt don t-sanas phoblach, bidh an Coimisean den bheachd nach bi droch bhuidh sam bith aige air croitearan'.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean air an tugadh iomradh gu h-àrd.

Co-dhùnadh	<p>Chuir An Coimisean aonta ris a' Phàipear, le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas anns a' Phlana Poileasaidh:</p> <p>Ma chuireas tagraiche iarrrtas a-steach airson croit a roinn agus nach toirear iomradh air an roinn air an fhoirm tagraidh, feumaidh an Coimisean sgrìobhadh thuca airson soilleireachadh air na tha iad ag iarraidh a dhèanamh leis an roinn. Chan eil an t-iarrrtas teisteanichte gus am faighear am fiosrachadh sin. Bu chòir seo a chur ris a' Phlana Poileasaidh.</p> <p>Bu chòir am briathrachas sa cheathramh puing fo Roinn a bhith air atharrachadh gus a ràdh 'de chleachdadh air roinn(ean) co-cheangailte sam bith ann an ionaltradh coitcheann'.</p> <p>Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir na facail 'ged gur dòcha nach aontaich e leotha sin' a thoirt às aig puing 2.</p> <p>Fo phuing 4, dh'aontaich an Coimisean a' chiad seantans a thoirt às agus ionadachadh le 'Às aonais bheachdan sam bith mar fhreagairt don t-sanas phoblach, bidh an Coimisean den bheachd nach bi droch bhuidh sam bith aige air croitearan'.</p>
-------------------	---

11 GEÀRR-AITHISG AIR TACHARTASAN FRITHEILTE LE COIMISEANAIREAN

Coimiseanair Caimbeul – fhrithheil e STWG Dhleastanasan, coinneamh Buidheann Thar-Phàrtaidh ann an Dùn Èideann agus an Fhèile Ghàidhealach Rìoghail.

Bha an Coimiseanair Caimbeul a' faireachdainn gum bu chòir làthaireachd a bhith aig a' Choimisean aig gach aon de na fèiltean ionadail air feadh Alba rè an t-samhraidh.

Coimiseanair MacDhòmhnaill – fhrithheil e STWG Dhleastanasan agus coinneamh Chlàran Alba san Àtha Leathain.

Coimiseanair MacIllinnein – fhrithheil e STWG Dhleastanasan agus rinn e diofar thadhalan riaghlaidh.

Coimiseanair Dennis – a thug aogheachd do thadhal tro Cheanglaichean Croitearachd bho bhuidheann thuathanach à Kenya. Chuir iad seachad sia uairean a thìde air a' chroit aice agus b' e tadhal glè inntinneach a bh' ann. Ghabh i pàirt ann an tele-labhairt gus deasbad air Dèanamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte agus fhrithheil i Èisteachd ann an Srath Chura.

Coimiseanair Nic na Ceàrdaich – fhrithheil i Èisteachd ann an Srath Chura agus Coinneamh Chlàran Alba ann an Lèiruig.

Coimiseanair Pirie – cha do fhrithheil coinneamhan sam bith.

Iar-Neach-gairm Ceanadach – fhritheil e Èisteachd ann an Srath Chura agus tele-labhairt air Dèanamh Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte.

12 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

5 Lùnastal 2015 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

13 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH

Cha robh puing sam bith.

14 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL

Ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearainn ann an Alba

Thaisbein Daibhidh Findlay, Neach-lagha a' Choimisein, am Pàipear a bha a' solarachadh ùr-fhiosrachadh air adhartas a thaobh ath-thagraidhean làithreach an aghaidh co-dhùnaidhean a' Choimisein.

Bha Mgr Findlay airson aire a' Choimisein a tharraing gu na leanas:

37 Baile a' Chaolais a Tuath – tha a' Chùirt air a' chùis a chur air ais gun Choimisean agus tha an Coimisean a' dol tro phròiseas sireadh tuilleadh fiosrachaidh gus a dhèanamh comasach dhaibh a thighinn gu co-dhùnadh.

Ath-thagraidh Eunson – tha an Tagradair Iain MacIleathan air beachd a thoirt agus bidh co-chomhairle air a chumail air 2 Luchair 2015 do na Coimiseanairean sin as urrainn a fhrithealadh. Aon uair 's gum bi a' cho-chomhairle air àite a ghabhail, beachdaichidh an Coimisean air mar a tha an ath-thagraidh seo gu bhith a' dol air adhart ann an Cùirt an Fhearainn bho shealladh a' Choimisein, ach cuideachd thathar an dòchas gun tig àireamh de leasan is de chùisean nas leatha am follais, a tha ag èirigh a-mach às mar a tha an Coimisean a' dèiligeadh le tagraidhean di-chroitidh.

Pàirc an Fhuarain – chaidh a' chùis seo a dheasbad tro phost-d an t-seachdain seo. Tha Cùirt an Fhearainn air a thilgeil a-mach. Chan eil a' Chùirt air iomradh sam bith a thoirt air cosgaisean agus mar sin bidh e suas ris a' Choimisean a dhol air ais gun Chùirt agus gluasad a dhèanamh airson cosgaisean às a leth.

95 Druim an Airgid, Sgìre Raoghaird – tha a' Chùirt air a' chùis a chur air ais gun Choimisean, a tha a-nis a' tional fiosrachaidh. Aon uair 's gum bi sin dèante, bidh an Coimisean ann an suidheachadh a thighinn gu co-dhùnadh.

Mhìnich Mgr Findlay gun robh Cùirt an Fhearainn gu neo-àbhaisteach air gabhail ri tagradh bhon tagraiche a thaobh an fharsaingeachd iomlan a thathar a' sireadh airson di-chroiteadh, a lùghdachadh. Gu h-àbhaisteach ann an cùisean den t-seòrsa sin chuireadh a' Chùirt a' chùis air ais gun Choimisean, agus a' cur às don chiad cho-dhùnadh a bh' aig a' Choimisean, gus am faigheadh e air a thighinn gu co-dhùnadh ùr, ach anns an t-suidheachadh shònraichte seo cha do rinn a' Chùirt sin mar phàirt de am modhan-obrach àbhaisteach. Chuir iad dìreach air ais e gun Choimisean agus dh'iarr iad orra beachdachadh air an iarrtas co-cheangailte ris an raon lùghdaichte. Mar sin, tha an Coimisean ann an suidheachadh ùr.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir a' chùis a thighinn air ais gun làn Bhòrd airson co-dhùnadh, a tha coltach a bhith san t-Sultain.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir cùis 95 Druim an Airgid a thighinn air ais gun làn Bhòrd airson co-dhùnadh.
-------------------	--

Bha deasbad ann mu chùis 37 Baile a' Chaolais a Tuath agus mu raointean-ama a thaobh na cùise a thighinn air ais airson co-dhùnadh. Chomhairlich Mgr Findlay gun tuir na tagraichean sa chùis seo nuair a thig a' chùis air ais gun Choimisean airson co-dhùnadh, gum bu chòir dha a bhith a rèir an fhiosrachaidh mar a bha ann an 2012 nuair a fhuair an tagradh sa chiad àite, ach thuirt an Coimisean gum biodh sin fuadain oir gum feumar co-dhùnadh a dhèanamh aig an àm seo, ged a bha e gu bhith stèidhichte air reachdas mar a bha e mus tàinig am pàirt buntainneach de dh'Achd 2010 gu bith.

On fhuair an tagradh seo ann an 2012, mus tàinig Clàradh gu bith, bidh a' chùis seo eadar-dhealaichte bhon riaghailt Clàraidh.

Bha deasbad ann a thaobh am bu chòir, nuair a thig a' chùis air ais airson co-dhùnadh, iarraidh air an tagraiche leasachadh a dhèanamh air an raon a thathar a' di-chroiteadh gus an t-sriop chaol talmhainn a tha air fhàgail a ghbhail a-steach ann. Bha an Coimisean a' faireachdainn gum bu chòir coimhead ris an seo an-dràsta gus a' chòrr de dhàil a sheachnadh aig ìre co-dhùnaidh.

Tha e comasach don tagraiche iarrtas saor-thoileach a dhèanamh gus a' chroit a chlàradh aig an aon àm ach tha e gu tur an urra riutha fhèin. A thaobh agus gu bheil neach-gabhail air an t-sriop fearainn, dh'fheumadh e a bhith na thagradh di-chroitidh ro-làimh ro cheannach. Tha an t-sriop fearainn le Oighreachdan Loch Iall.

Dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litir a sgrìobhadh bhon Sgioba Riaghlaidh gu àidseant an tagraiche, gus na duilgheadasan a mhìneachadh a dh'fhaodadh a thighinn am bàrr sa chùis seo, a tha a' gabhail a-steach càileachd na Reachd Chòraichean, gus buannachdan clàraidh saor-thoileach a mhìneachadh agus am beachdan a shireadh. Bu chòir don litir a mhìneachadh gun cuidich am fiosrachadh seo an Coimisean ann an tighinn gu co-dhùnadh.

Co-dhùnadh	A thaobh cùis 37 Baile a' Chaolais a Tuath, dh'aontaich an Coimisean gum bu chòir litir a dhol bhon Sgioba Riaghlaidh gu àidseant an tagraiche, gus na duilgheadasan a mhìneachadh a dh'fhaodadh a thighinn am bàrr sa chùis seo a tha a' gabhail a-steach càileachd na Reachd Chòraichean, a' mìneachadh buannachdan clàraidh saor-thoileach agus a dh'iarraidh am beachdan. Bu chòir don litir a mhìneachadh gun cuidich am fiosrachadh seo an Coimisean ann an tighinn gu co-dhùnadh.
-------------------	---

15 TOIRMEASG AIR MEADHANAN AGUS POBALL

Thug Iar-Neach-gairm Ceanadach taing do na h-uile airson a bhith an làthair aig a' choinneamh, agus gu h-àraid an luchd-obrach airson nam Pàipearan sàr-mhath a thug iad gu bith airson Coinneamh Bùird an latha an-diugh.

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 11:46m.